

15 An t-luchar 2025

A phàrant/neach-cùraim chòir

Anns an Ògmhios 2025, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Fhoghlam Alba air Ionad Cùram-chloinne Steòrnabhaigh. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus dh'obraich sinn gu dlùth leis an stiùiriche agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair an t-suidheachaidh.

- Na dàimhean adhartach, urramach agus altraim eadar luchd-obrach agus clann. Bidh clann a' socrachadh gu math agus tha iad misneachail agus comhfhurtail san àrainneachd sgoil-àraich aca.
- Bidh clann a' sgrùdadh an raon fharsaing de dh'eòlasan an dà chuid a-staigh agus a-muigh le dealas. Bidh na h-eòlasan seo a' brosnachadh chloinne gu bhith fiosrach, cruthachail agus rannsachadh a dhèanamh le bhith a' cleachdadh an cuid mothachaidhean uile.
- Soirbheachas Slighe na Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) (Crùinn Còmhla le Ionad Cùram-chloinne Steòrnabhaigh) a chruthaich an stiùiriche agus an luchd-cleachdaidh. Bidh clann agus luchd-obrach ag ionnsachadh Gàidhlig còmhla tro chluich, òrain, rannan agus abairtean làitheil. Tha an cleachdadh glè èifeachdach seo ga roinn air feadh an ùghdarrais ionadail.
- An adhartas fìor mhath a bhios clann a' dèanamh nan ionnsachadh a tha buntainneach ris na h-ìrean leasachaidh fa leth aca.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus a dheasbad leis an stiùiriche agus le riochdaire bho Chomhairle nan Eilean Siar.

- Mar a bha san amharc, leanaibh air adhart a' leasachadh dòighean-obrach airson dealbhadh airson ionnsachadh chloinne gus barrachd fòcas a chur air sgilean a tha a' leasachadh ann an clann.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair an t-suidheachaidh a' cleachdadh chomharran càileachd bho [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne?](#). Bidh comharran càileachd a' cuideachadh suidheachaidhean ionnsachaidh agus cùram cloinne, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh a' breithneachadh dè a tha math agus dè a dh'fheumas leasachadh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Ionad Cùram-chloinne Steòrnabhaigh

Comharran càileachd airson na sgoil-àraich	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	math
A' dèanamh cinnteach gun dèan a' chlann adhartas	glè mhath
Gheibhear tuairisgeul air an luachadh ann an: Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne? Earr-ràdh 1: An sgèile sia puing	

Bidh sgrìobhainn le fiosrachadh nas mionaidich, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF) ri fhaighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig:

[Ionad Cùram-chloinne Steòrnabhaigh | Aithisg Sgrùdaidh | Foghlam Alba](#)

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an t-suidheachadh leantainn oirre a' leasachadh. Mar thoradh air sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-bhann ris an sgrùdadh seo. Bheir Comhairle nan Eilean Siar fios do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas an t-suidheachaidh mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan suidheachaidhean aca.

Sandra Kehoe
Neach-sgrùdaidh an Rìgh